



Ceumannan

Ceumannan 3

Notachean an Tidseir
Teacher's Notes



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

Fàilte gu Ceumannan 3 – an treas leabhar ann an càrsa do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig san àrd-sgoil. 'S e prìomh amas a' chùrsa sgilean Gàidhlig nan sgoilearan a thoirt air adhart ann an dòigh far a bheil an obair tlachdmhor, tarraingeach agus feumail dhaibh. Thathar an dùil gum bi sgoilearan nas deònaiche cumail orra le Gàidhlig gus an ruigear fileantachd sa chànan agus gun tuigear gu bheil feum air a' Ghàidhlig airson conaltradh a dhèanamh ann an diofar shuidheachaidhean – aig an obair, san dachaigh agus ann an conaltradh pearsanta san fharsaingeachd. Tha cruth a' chùrsa stèidhichte air a' Churraicealam airson Sàr-mhathais.

Modalan an Leabhair

Tha trì modalan ann an **Ceumannan 3**, air am briseadh sìos nan aonadan. Tha sia aonadan san leabhar uile gu lèir, agus mar as trice, tha ceangal air choreigin eadar na h-aonadan a th' anns gach modal.

Modal	Aonad	Cuspair
1	1	An cluich thu ball-coise ann an Inbhir Nis?
2		An tig thu dhan phartaidh?
2	1	Cò às a tha thu?
2		Bidh sneachd ann a-màireach
3	1	An taigh agam
2		Anns a' bhaile

Gheibhear clàr mionaideach de mhodalan, aonadan, cuspairean, cultar agus cànan ann am **Pàipear-taic 1 Ceumannan 3 – Structar a' Chùrsa**.



Tha Ceumannan 3 a' leantainn an aon structair ri Ceumannan 2. A bharrachd air na modalan agus na h-aonadan fhèin tha earrannan feumail eile ann. Anns gach aonad gheibhear:

- **Faclan is Abairtean** Liostaichean de dh'faclan ùra aig deireadh gach modail.
- **Sùil air ais** Obair a bharrachd a bhios a' daingneachadh nam puingean as cudromiche a thog ceann san aonad.
- **Cultar*** Thathar a' moladh sa **Churraicealam airson Sàr-mhathais** gum feum sgoilearan barrachd suim a chur sa chultar aca fhèin agus tha leasanan ann an cultar air am filleadh a-steach dhan chùrsa, mar a bha ann an Ceumannan 1 agus 2. Bha e follaiseach gun do chòrd na h-earrannan seo gu h-àraig ri tidsearan agus sgoilearan. Aig deireadh gach aonaid, gheibhear earrann a tha a' dèiligeadh ri cuspair cultarach le cothroman ann airson obair leudachaidh agus obair rannsachaidh. Tha tidsearan làn di-beathte cur ri seo ann an dòigh sam bith a chithear iomchaidh. Aig bonn a' phàipeir seo, gheibhear fiosrachadh air ceanglaichean a dh'fhaodadh a bhith feumail ann an rannsachadh. Anns na h-earrannan **Faigh fios**, thathar a' moladh gun dèan na sgoilearan beagan rannsachaidh air an eadar-lion, ann an leabharlann no sa choimhairsnachd fhèin agus bidh cothroman labhairt/taisbeanaidh an cois seo (LGL 3-06a).

Anns gach modal gheibhear:

- **Ceum air Cheum** Liosta den obair a chaidh a choileanadh – cothrom beachdachadh air an ìre aig a bheil gach sgoilear agus càit am faighear fiosrachadh a tha a dhìth.
- **Ceum a bharrachd** Eacarsaichean eile, mar as trice le beagan a bharrachd susbaint annta, dha na sgoilearan as adhartaiche.

Stuth a bharrachd:

Aig cùl an leabhair tha **Faclair Mòr** – Gàidhlig gu Beurla agus Beurla gu Gàidhlig. Gheibhear am faclair cuideachd air-loidhne far an cluinnear gach facial/abairt air fhuaimneachadh ann an Gàidhlig. Tha seo gu h-àraig feumail do na sgoilearan aig an taigh agus bhiodh e feumail nan cuireadh tidsearan seachad beagan ùine a' sealltainn nan goireasan air-loidhne do na sgoilearan.

Ceumannan càinain – Tha earrann shònraichte aig cùl an leabhair a tha a' dèiligeadh ann am barrachd doimhneachd ris na puingean càinain sa chùrsa le cothroman ann eacarsaichean a dhèanamh air gach puing.

Notaichean an Tidseir – Tha iad seo cuideachd air-loidhne. An seo, gheibhear stiùireadh mun chùrsa, na h-earrannan èisteachd, geamannan càinain agus freagairtean. Gabhaidh rud sam bith a tha air-loidhne a chur suas air bòrd eadar-ghniomh sa chlas. Dh'fhaodadh sin a bhith gu feum nuair a bhios an clas ag obrachadh còmhla air gèam no air puing càinain ùr.

Ceumannan air-loidhne – an seo gheibhear measgachadh de stuth a bharrachd a bhios gu feum don chùrsa. Gabhaidh cuid de na duilleagan a luchdachadh a-nuas – tòimhseachain agus duilleagan-obrach – agus tha filmichean beaga agus geamaichean coimpiutair feumail



ann cuideachd. Thatar an dùil ceangal sòisealta a dhèanamh eadar sgoiltean gus am faigh na sgoilearan cothrom conaltradh a dhèanamh ri luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig an aon aois riutha fhèin ann an sgoiltean air feadh na dùthcha. Bhiodh cothrom an seo cuideachd filmichean, dealbhan, òrain agus fiosrachadh a chumail air duilleag-dachaigh gach sgoileir. Do sgoiltean aig a bheil an goireas GLOW, gabhaidh am buidheann 'Ceumannan' a chleachdad.

Òrain – Chaidh òrain a sgrìobhadh gu sònraichte airson Ceumannan 3. Tha faclan ùra agus fuinn ainmeil Ghàidhlig orra. Nochdaidh cuid dhiubh air-loidhne anns na h-earrannan èisteachd agus cuideachd fo **Siuthad! Gabh òran! agus Ceumanoke** air làrach Cheumannan: www.storlann.co.uk/ceumannan. Dhèanadh e feum do na sgoilearan iad seo a chluinntinn tric agus cothroman a thoirt dhaibh na h-òrain a ghabhail. Bhiodh e math nan èisteadh na sgoilearan ri òrain eile a bharrachd airson farsaingeachd ciùil agus cultair a thoirt dhaibh. Dh'fhaodadh na h-òrain a bhith gu feum ann an clasaichean eile cuideachd.

Gheibh gach sgoil laidhseans bliadhna *Comic Life* (prògram airson dealbhan-èibhinn a dhèanamh) a bhios gu feum sna clasaichean Gàidhlig air fad. Leig fios gu oifis@storlann.co.uk agus thèid sin a chur air dòigh don sgoil.

Curraicealam airson Sàr-mhathais

Chaidh an càrsa a stèidheachadh air a' **Churraicealam airson Sàr-mhathais** agus ann am **Pàipear-taic 2** gheibhear clàr a tha a' ceangal gach eacarsaich san leabhar ri buil sa **Churraicealam airson Sàr-mhathais**. Bidh seo feumail do thidsearan a tha airson dèanamh cinnteach gun tèid gach buil a chòmhach mar bu chòir.

Chaidh an càrsa a chruthachadh le cothroman do sgoilearan a bhith ag obair ann an tòrr dhiofar dhòighean agus airson dùbhlan a thoirt do sgoilearan aig gach ìre obrach. Bu chòir do na sgoilearan gach stoidhle ionnsachaidh a chur gu feum airson gach buil a choileanadh.

Faodaidh na tidsearan no na sgoilearan fhèin taghadh a dhèanamh air dè na pìosan obrach a nì iad no dè an sgil a chleachdar airson na pìosan a dhèanamh. Mar eisimpleir, faodar taghadh a dhèanamh eadar èisteachd no leughadh aig amannan agus cha bhithear an dùil gun dèanadh gach sgoilear gach pìos obrach. Faodar taghadh a dhèanamh an dà chuid a thaobh toil agus comais.

Tha cothroman aig na sgoilearan a bhith ag ionnsachadh ann an diofar dhòighean – ag obair leotha fhèin, ann an càraig, ann am buidheann agus mar chlas slàn. Bu chòir dleastanas a bhith air na sgoilearan fhèin airson na tha iad ag ionnsachadh. Bheir an leabhar agus làrach Cheumannan seachad taic an t-amas seo a choileanadh bhon a tha na h-uiread de ghoireasan ann airson a bhith a' rannsachadh, airson faclan a lorg dhaibh fhèin, airson fuaim facail a dhearbhadh agus airson obair leudachaidh.

Thatar a' moladh gun tèid sgoilearan an sàs san ionnsachadh aca fhèin, le goireasan feumail air-loidhne agus san leabhar. Tha eacarsaichean ann a bhios a' toirt orra smaoineachadh air a' chànan a tha iad ag ionnsachadh agus na dòighean a thatar a' cleachdad airson sin a dhèanamh. Thatar a' moladh gum biodh cuid de na h-eacarsaichean san leabhar cuideachd freagarrach airson obair-dachaigh.

Tha cultar air leth cudromach sa **Churraicealam airson Sàr-mhathais** agus tha iomadh cothrom aig na sgoilearan a dhol an sàs ann an diofar chuspairean an seo agus rannsachadh/



taisbeanadh a dhèanamh orra san dòigh aca fhèin. Chaidh oidhirp a dhèanamh cuid de ghnàthasan-cainnt agus abairtean Gàidhlig fhillleadh a-steach dhan chùrsa. Mar as trice, togaidh sgoilearan a leithid gu math luath. Air thuilleadh air sin, 's ann anns na pìosan cultair mar as trice a gheibhear measgachadh de fhiosrachadh/obair a tha co-cheangailte ri builean bho roinnean eile den churraicealam (Me Slàinte agus sunnd, Cuspairean sòisealta, Teicneòlasan agus eile).

Bu chòir ICT a bhith air a chleachdadh gu cunbalach ann an clasaichean Gàidhlig mar a thathar a' moladh sa **Churraicealam airson Sàr-mhathais**. Tha gu leòr de chothroman an seo eadar earrannan èisteachd air-loidhne, rannsachadh air an eadar-lòn, geamaichean air-loidhne, faclair air-loidhne agus conaltradh sòisealta eadar sgoiltean (nuair a thig seo gu buil). Gheibh na sgoilearan cothrom a dhol an sàs ann an teicneòlas agus ann am beagan fealla-dhà fhad 's a tha iad ag obair air cànan ùr a' chùrsa aig an aon àm. Tha seo cuideachd a' ciallachadh gum biodh cothrom aig sgoilearan obair a dhèanamh aig an taigh tron stuth air-loidhne aig www.storlann.co.uk/ceumannan

Tha an cursa mothachail air an dleastanas a th' air gach roinn san àrd-sgoil airson àireamhachd agus litearachd a thoirt air adhart agus tha iad seo air am filleadh a-steach dha na h-eacarsaichean sa chùrsa.

A rèir ghoireasan eile sa **Churraicealam airson Sàr-mhathais**, chan fheumar Ceumannan no obair sam bithean a lùib a chumail airson aon chlas a-mhàin. 'S math dh'fhaodte gum biodh cuid de na h-eacarsaichean, na pròiseactan, na geamannan agus na h-òrain gu feum ann an clasaichean eile (fileantaich nam measg).

Molaidhean Teagaisg

Chaidh Ceumannan 3 a sgrìobhadh gu sònraichte do sgoilearan a tha air Ceumannan 1 agus 2 a rannsachadh mar-thà. Ach, dh'fhaodadh pìosan sònraichte den leabhar a bhith gu feum do chlasaichean eile nach robh an sàs roimhe ann an Ceumannan.

Le cursa mar seo, tha e nas phasa dòighean-teagaisg AiFL a chur an gnìomh – ag obair mar chlas airson amasan an leasain a thoirt dhaibh agus taisbeanadh a dhèanamh air na puingean ùra agus air faclan cudromach aig toiseach gnothaich. Thathar a' moladh gum bi an clas air a thoirt còmhla a-rithist aig deireadh an leasain airson dèanamh cinnteach gu bheil sgoilearan air na priomh phuingean a thogail agus gu bheil iad an comas na puingean sin a mhìneachadh. Tha geamannan càinain an-còmhnaidh feumail ann an clas Gàidhlig oir gheibhear cothrom faclan agus cànan ùr a chleachdadadh gun fhiosta. Ann am **Pàipear-taic 3**, gheibhear liosta de chuid a dh'fhaodadh a bhith gu feum agus molaidhean air càite sa chùrsa am biodh iad iomchaidh.

Aig deireadh gach aonaid, tha cothrom ann do sgoilearan sùil a thoirt air liosta de phriomh phuingean an aonaid gus dearbhadh gu bheilear air an togail. Tha seo aca ann am barrachd doimhneachd aig ceann gach modail far am faodar targaidean ionnsachaидh a chur ro gach sgoilear air leth. 'S e goireas feumail a tha seo don tidsear cuideachd oir faodar measadh labhairt a dhèanamh air sgoilearan a' cleachdadadh na liosta aig ceann gach modail.

Tha obair ann do sgoilearan aig gach ìre comais. Far a bheil duilgheadasan sònraichte aig sgoilearan, thathar a' moladh gun lean iad orra tro na modalan a' dèanamh eacarsaichean a fhreagras air an comas. Chan eilear a' sùileachadh gun dèan gach sgoilear gach pìos obrach.

Anns na h-earrannan èisteachd, tha gach ceist air leth air trag/faidhle-fuaim eadar-dhealaichte. Mar sin, chan fheum sgoilear no tidsear tilleadh gu toiseach earrainn nuair a tha pìos fiosrachaidh



a dhìth. Gheibhear àireamh gach trag san riochd sgrìobhte de na h-earrannan èisteachd. Thathar a' moladh gum biodh lethbhreac de na h-earrannan èisteachd ann an riochd sgrìobhte air beulaibh an tidseir nuair a tha an clas air fad ag obair air earrannan èisteachd. Ann an Ceumannnan 1 agus 2, tha e air a bhith feumail do thidsearan na h-earrannan èisteachd air-loidhne a luchdachadh a-nuas air eagal is gum bi trioblaidean ann leis an eadar-lion. Gheibhear cothrom an aon rud a dhèanamh le earrannan èisteachd Cheumannan 3.

Tha ICT air a mholadh air feadh a' chùrsa agus aig amannan sònraichte tha e riatanach gun tèid ICT a chleachdad. Dhèanadh e feum rùm coimpiutaireachd no banca de choimpiutairean-uchd a chur an gnìomh nuair a tha an clas air fad an sàs ann an gnìomh ICT. An uair sin, tha obair aig a h-uile duine ri dhèanamh agus chan eil leisgeul aig duine a bhith na thàmh. Tha cothroman sa chùrsa filmichean a thogail de dhealbhan-cluiche, òraidean, òrain agus 'raps' sa chlas far am faic na sgoilearan ciamar a chaidh dhaibh agus dè ghabhadh dèanamh a thaobh leasachaidhean air an cuid obrach.

Chan eil measadh foirmeil an cois a' chùrsa, ged a dh'fhaodar feedhainn de na pìosan-obrach a chleachdad airson sin a dhèanamh. Tha cothroman gu leòr ann measadh neo-fhoirmeil a dhèanamh ge-tà, agus cothroman aig na sgoilearan a bhith a' meas a chèile agus a bhith gam meas fhèin cuideachd.

Chan eil e gu diofar dè na tha ann de ghoireasan. 'S e an tidsear fhathast prìomh ghoireas a' chùrsa agus feumaidh an tidsear a dhol an sàs ann an obair a' chlas fad an t-siubhail. Bidh buaidh aig tidsear èifeachdach air clas, ge b' e dè na goireasan a tha rim faighinn. Feumaidh an tidsear cothroman a thoirt dha na sgoilearan Gàidhlig a chluinntinn agus a bhruidhinn agus tha àrainn Ghàidhlig air leth cudromach do luchd-ionnsachaидh na Gàidhlig. Thathar a' moladh gun tèid coimhearsnachd Ghàidhlig a stèidheachadh san roinn agus, nan gabhadh a dhèanamh, san sgoil. Tha e cudromach gum bi obair nan sgoilearan air na ballachan, agus gum bi postairean, leabhraichean, irisean agus sanasan Gàidhlig gan cuartachadh.

Tha an leabhar aig cridhe a' chùrsa ach chan eilear idir a' moladh gur e sin an aon ghoireas a bu chòir do thidsearan a chleachdad, gu h-àraig airson builean **Curraicealam airson Sàr-mhathais** a choileanadh. Bhiodh e feumail cothroman a thoirt do sgoilearan a bhith a' coimhead agus ag èisteachd ri prògraman rèidio agus TBh agus cuireadh a thoirt do dhaoine a thighinn a bhruidhinn riutha san sgoil air diofar chuspairean (faic Pàipear-taic 3) gus an tuig iad gu bheil Gàidhlig air a cleachdad gu cunbalach taobh a-muigh ballachan a' chlas. Nam biodh cothrom ann a dhol a choimhead air buidheann Ghàidhlig taobh a-muigh na sgoile - mar eisimpleir: colaiste, stèisean rèidio no sgoil-àraich, bhiodh seo air leth feumail cuideachd.

Air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig, gheibhear liosta fhada de làraich fheumail. Gheibhear na ceanglaichean fo cheann sam bith air an làrach:



Làraich-lìn

Modal 1 Aonad 1 (Cultar – an dà shealladh)

http://en.wikipedia.org/wiki/Second_sight

www.youtube.com/watch?v=RGrWF2GFbP8 (Cnoc na Feille beò ann an Sruighlea)

Modal 1 Aonad 2 (Cultar – Coinneach Odhar)

<http://www.historic-uk.com/HistoryUK/Scotland-History/TheBrahanSeer.htm>

<http://www.undiscoveredscotland.co.uk/usbiography/b/brahanseer.html>

<http://www.ness-scape.co.uk/seer/brahan.html>

http://en.wikipedia.org/wiki/Brahan_Seer

www.ambaile.org

Brùth air a' cheangal 'interactive' agus taidhp 'Coinneach Odhar' no 'The Brahan Seer' anns a' bhogsa 'Rannsaich'. An seo gheibh thu bhidio de sgeulachd eadar-gniomh mu bheatha Choinnich Odhair.

NB: Tha tàrr fiosrachaidd feumail eile mu chultar nan Gàidheal air an làrach *Am Baile* a bhios feumail do sgoilearan a tha a' rannsachadh cuspair cultair sam bith.

Modal 2 Aonad 1 (Cultar – Na Dùthchannan Ceilteach)

http://en.wikipedia.org/wiki/Celtic_nations

Modal 2 Aonad 2 (Cultar – Maighdeann-mhara/Selkies)

http://members.tripod.com/the_selkie/selkiehistory.html

Modal 3 Aonad 1 (Cultar – An Taigh-tughaidh)

www.skyemuseum.co.uk

Làrach bho *Skye Museum of Island Life*. Gheibhear fiosrachadh gu leòr air an làrach seo mu bheatha ann an taigh-tughaidh agus ann am baile croitearachd.

<http://www.highlandclearances.info>

<http://museum.gov.ns.ca/hv/index.html>

Làrach air leth inntinneach den Chlachan Gàidhealach ann an Alba Nuadh le bhidiothan, *virtual tours*, taisbeanaidhean, leasanan Gàidhlig agus tàrr eile.

Làraich eile

www.tobarandualchais.co.uk

Fiosrachadh sgrìobhte, bhidiothan agus faidhlichean fuaim air iomdach cuspair co-cheangailte ri dualchas nan Gàidheal

<http://www.bbc.co.uk/scotland/history/scotlandonfilm/index.shtml>

Beairteas de sheann bhidiothan agus faidhlichean fuaim mu bheatha ann an Alba.

www.bord-na-gaidhlig.org.uk

Gheibhear liosta fhada de cheanglaichean feumail air an làrach seo.

www.mygaelic.com

www.smo.uhi.ac.uk

